


# A' feuchainn an uisge

Chaidh iad à bith o chionn linntean san dùthaich seo. Ach air sgàth pròiseact a bhathar a' feitheamh o chionn fhada, leigear bìobhairean mu sgaoil air an dùthaich an seo an-ath-bhliadhna gus am faicear ciamar a thèid dhaibh.





Tillidh biobhairean gu talamh fliuch Alba as t-earrach an-ath-bhliadhna, còrr is 450 bliadhna bho chaidh an sealg gu bàs. An-dràsta tha luchd-glèidhteachais ann an Nirribhidh a' glacadh suas ri ceithir teaghlaichean de bhìobhairean airson an toirt a dh'Alba.

Bidh na beathaichean sin anns a' phròiseact a thèid fheuchainn – pròiseact air a chur air dòigh le Urras Fiadh-bheatha na h-Alba (SWT) agus Comann Rìoghail Ainmheòlas na h-Alba (RZSS) – agus ris an do dh'aontaich Micheal Russell, Ministear na h-Àrainneachd airson Alba, na bu thràithe air a' bhliadhna. Bidh na biobhairean à Nirribhidh ann an cuarantain airson sia mìosan mus tèid an leigeil mu sgaoil as t-earrach an-ath-bhliadhna ann an Cnapadal ann an Earra-Ghàidheal.

Mairidh am pròiseact còig bliadhna (2009-2014) fo sgèith SWT agus RZSS agus bidh SNH a' cumail sùil gu neo-eisimeileach air a' phròiseact às leth Riaghaltas na h-Alba. Innsidh SNH do Riaghaltas na h-Alba co-dhiù tha cùmhnantan ceadachaidh a' phròiseict gan coileanadh ceart air an talamh.

Seo a' chiad turas a thèid mamal dùthchasach a thoirt air ais a-steach gu foirmeil gu bhith air an dùthaich am Breatainn. Bidh tagan-rèidio air na biobhairean mòra agus thèid sùil gheur a chumail air na bhios iad a' dèanamh. Thèid beachdachadh air a' bhuaidh aca air àrainneachd na sgìre mus toirear barrachd dhiubh a-steach.

“Chan eil mòran dhùthchannan eile san Roinn Eòrpa, a bharrachd air Breatainn, a tha fhathast gun bhìobhairean far an do chleachd iad a bhith,” thuirt Martin Gaywood, Manaidsear Poileasaidh agus Comharleachaidh aig SNH, agus a tha os cionn feumalachdan measaidh a' phròiseict. “Chaidh aig ceithir dùthchannan fichead eile san Roinn Eòrpa air an toirt air ais a-steach gun dragh.”

“Tha biobhairean ann an cuid de dh'Alba agus de Shasainn ach tha iad air taobh a-staigh feansa. 'S e am pròiseact seo a' chiad fhear ann am Breatainn a leigeas biobhairean mu sgaoil airson a bhith beò gu fiadhaich.”

## Bho bhith an impis a dhol à bith

Bha uair a bha biobhairean air feadh na Roinn Eòrpa agus na h-Àisia ach, ann an 1900, bha an àireamh aca air crìonadh gu 1,200 beathach air sgàth cus seilg. Chaidh an àireamh air ais suas ri linn obair glèidhteachais agus smachd seilg, agus shoirbhich le bhith gan toirt air ais a-steach do chòrr is 120 àite san Roinn Eòrpa.

Thathar an dùil gu bheil eadar 634,000 agus 732,000 biobhair a-nis san Roinn Eòrpa. Tha daoine measail air a bhith gu shealg ann an ceann a tuath na Roinn Eòrpa agus tha e a' tàladh luchd-turais ann an iomadh dùthaich.

Ann am Breatainn bha am biobhair air fàs tearc mar-thà ann an Linn nan Ròmanach. Buinidh an clàradh arc-eòlais mu dheireadh do thimcheall air AD 900. Tha fianais sgrìobhte ann gun do mhair am biobhair sa Chuimrigh gu 1188 agus ann an Alba chun an t-16mh linn. B' e Hector Boece, ann an 1526, a thug an t-ìomradh mu dheireadh air biobhairean an seo. Thuirt e anns na *Cronikils of Scotland* gun robh biobhairean pailt ann an sgìre Loch Nis.



1

Tha a' mhòr-chuid de chraobhan gan leagail sna mìosan as fhuair nuair a bhios am biobhair a' tòiseachadh ag ithe rùsg nan craobhan.

2

'S e craobhan le duilleagan leathann as motha a tha sa choille ris an uisge ann an Cnapadal, ach tha lus an gu leòr eile anns an uisge agus ris an oir. Tha e mar sin air leth math do bhiobhairean.

## Làrach deuchainn

Buinidh Coille Chnapadail do Choimisean Coilltearachd na h-Alba. Tha pàirt dhith air a riaghladh còmhla ri Urras Fiadh-bheatha na h-Alba mar thèarmann fiadh-bheatha. Tha am muir air aon taobh dheas. 'S e craobhan durcanach a th' ann am mòran dhith agus mar sin chan eil i freagarrach do bhiobhairean. Ach tha prìomh àite ann le cnuic ìosal agus glinn, lochan agus aibhnichean. Seach gum bi na biobhairean air an cuartachadh le craobhan durcanach, agus air falbh bho na h-àitichean freagarrach eile, thathar an dòchas gum fuirich iad san sgìre seach gluasad a dh'àiteigin eile.



2

## Sealg bèin

Bha uair a gheibhte am biobhair eadar crìochan Shìona agus Mhongòilia san ear agus tarsainn na Roinn Eòrpa gu Breatainn san iar. Tha clàradh nam fosailean a' sealltainn gun robh e ann am Breatainn o chionn còrr is dà mhillean bliadhna.

Chaidh biobhairean à bith ann an Alba san t-16mh linn. Chaidh an sealg airson am bèin – a tha min agus dìonach air an uisge – airson am feòla agus airson stuth às na fàireagan fàileidh aca, ris an canar castoreum, a bha air a chleachdadh o chionn fhada airson faochadh bho chràdh.

“Shealg daoine gu bàs iad nuair a bha iad an seo roimhe, ach tha cothrom againn a-nis faighinn a-mach dè cho math 's fhreagrach iad ann an Alba san latha an-diugh,” thuirt Martin.

“Chaidh aig àiteachan eile san Roinn Eòrpa air biobhairean a thoirt air ais agus fhuir iad a-mach gun robh deagh bhuaidh aca air an àrainneachd agus air gnèithean eile. Ach tha dragh air cuid mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig na biobhairean. Leigidh am pròiseact leinn barrachd sgrùdadh a dhèanamh air na ceistean sin.”

Tha biobhair na Roinn Eòrpa aithnichte mar phrìomh ghnè air sgàth 's gu bheil buaidh mhath aige air cùisean agus àrainn a tha a' buntainn ri gnèithean eile. Thèid aig biobhairean air beatha às ùr a thoirt do choilltean, agus bidh barrachd chraobhan annta aig diofar aoisean gus cuideachadh le riaghladh nan coilltean. Cuideachd, faodaidh na pollagan agus an talamh fliuch a chruthaicheas iad a bhith nan àitean san soirbhich gnèithean eile mar eòin, ialtagan, biastagan agus iasg.

## Fada gun tighinn

“Thug am pròiseas gus am biobhair a thoirt air ais a dh'Alba gu math fada,” thuirt Dave Batty, Manaidsear Poileasaidh agus Comhairleachaidh SNH ann an Loch Abar. 'S esan an riochdaire ionadail a bhios aig a' phròiseact.

“Thòisich an obair air an seo o chionn còrr is dusan bliadhna, agus chan eil mòran phròiseactan glèidhteachas fiadh-bheatha san Roinn Eòrpa air do rinneadh uiread de sgrùdadh.

“Ach cha d' fhuair sinn fianais sam bith à dùthchannan eile gum b' fheudar stad a chur air biobhairean a thoirt air ais a-steach air sgàth droch bhuaidh. Ach leigidh am pròiseact seo leinn gach taobh dhen argamaid a mheasadh mus dèanar co-dhùnadh mun chòrr a thoirt air ais.”

“Shealg daoine gu bàs iad nuair a bha iad an seo roimhe, ach tha cothrom againn a-nis faighinn a-mach dè cho math 's fhreagrach iad ann an Alba san latha an-diugh.”



## Airson cuideachadh?

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseact, cuir fios an dara cuid gu SWT (fòn: 0131 312 7765, cliog air [www.swt.org.uk](http://www.swt.org.uk)) no gu RZSS (fòn: 0131 314 0309, cliog air [www.edinburghzoo.org.uk](http://www.edinburghzoo.org.uk)). No theirig gu [www.scottishbeavers.org.uk](http://www.scottishbeavers.org.uk)

Ma tha thu ann an sgìre meadhan Earra-Ghàidheal agus thu airson cuideachadh, bidh cothrom ann do dhaoine a dh'ol an sàs gu saor-thoileach. Dh'fhaodadh tu obrachadh còmhla ri Oifigear Raoin Pròiseact a' Bhìobhair, luchd-saidheans no uachdarain fearainn airson sùil agus lorg a chumail air na beathaichean agus a' bhuidh aca air an àrainneachd. Ma tha ùidh agad na leithid, cuir fios gu Manaidsear a' Phròiseict air 01236 617 113.

Tha com-pàirtichean a' phròiseict, SWT agus RZSS cuideachd air tagradh poblach a chur air dòigh airson airgead a thogail. Feumaidh iad co-dhiù £750,000 a thogail dhan phròiseact. Faodaidh tu airgead a thoirt seachad aig [www.swt.org.uk/DonationForm.aspx](http://www.swt.org.uk/DonationForm.aspx) no aig [www.rzss.org.uk/support/donations/form.html](http://www.rzss.org.uk/support/donations/form.html)

## Prògram Gnìomhachd nan Gnèithean

'S e program còig bliadhna a tha ann am Prògram Gnìomhachd nan Gnèithean. Chaidh a chur air bhog san Fhaoilleach 2007 agus tha e a' taisbeanadh ro-innleachd obrach a thaobh riaghladh ghnèithean ann an Alba. Chomharraich SNH, agus com-pàirtichean eile, 32 gnèithean, bìobhair na Roinn Eòrpa nam measg, a tha nam prìomhachas a thaobh na h-obrach. Tha àite air an liosta seo an crochadh air iomadh nì. A thaobh a' bhìobhair, tha Stiùireadh Àrainnean an Aonaidh Eòrpaich (EC) ag iarraidh air stàitean a tha am buill smaoineachadh air cuid de ghnèithean dùthchasach, a chaidh à bith, a thoirt air ais, agus tha deagh phlana ann mar-thà airson a leithid sin fheuchainn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig [www.snh.org.uk/speciesforactionframework](http://www.snh.org.uk/speciesforactionframework)



4

3

Tha casan-deiridh mòra, eagal agus casan-toisich nas lugha air bìobhairean. Bidh iad a' cleachdadh nan casan-toisich airson stuthan fhaireachadh agus a ghiùlan.

4

Feumaidh bìobhairean fasgadh bho chreachadairean agus bho aimsir a' gheamhraidh. Bidh iad glè thrì a' cleachdadh toll a tha mar-thà ann am bruaich aibhne no a' togail àite dham faigh iad a-steach fon uisge.

## Fiosrachadh mu bhìobhairean

'S e na bìobhairean an gnè as motha san Roinn Eòrpa a bhineas dha na radain. Tha mu 18cg (40punnd) de chuideam anna agus 's dòcha 1.3 meatair (4tr) a dh'fhaid bhon t-sròin gu bàrr an earbaill.

Tha an fheadhainn bhoireann dualtach a bhith nas truime na an fheadhainn fhìreann, rud nach eil bitheanta ann am mamalan.

'S àbhaist dhaibh a bhith beò seachd no ochd de bhliadhnan, ach tha cuid beò suas ri 25 bliadhna.

Bidh bìobhairean a' gintinn on aon bheathach fad am beatha. Bidh an t-àl ga bhreith sa Chèitean no san Ògmhios, agus mar as trice bidh a dhà no trì san àl.

'S ann air an oidhche, sa chamhanaich no an ciaradh an fheasgair as trice a nochdas bìobhairean. Nochdaidh iad uaireannan ris an latha mura cuirear dragh orra.

Cha bhi iad ag ithe iasg idir – dìreach lus. As t-earrach agus as t-samhradh bidh bìobhairean ag ithe iomadh lus; as t-fhoghar agus sa gheamhradh ithidh iad geugan agus duilleagan air nach ruigeadh iad mar as trice.

Cha bhi iad dha-rìribh ag ithe fiodh nan craobhan. Bidh iad a' sadail a-mach mirean fiodha agus gam fàgail mun cuairt na craoibh a chaidh a leagail.

Tha iad cugallach air tìr ach gluaisidh iad gu math luath fon uisge.

Mar as trice cha dhàibhig iad ach airson còig no sia de mhionaidean, ach thèid aca air fuireach fon uisge suas ri 15 mionaidean.

'S e dòbhran leas-leathann an seann ainm Gàidhlig airson bìobhair agus tha e a' ciallachadh dòbhran le earball leathann.

San t-16mh linn, thuir an Eaglais Chaitligeach gur e iasg a bha ann am bìobhair. Bha sin a' ciallachadh nach robh an casg air feòil ithe air Dihaoine a' gabhail a-steach feòil bìobhair.